

3 Dàmhair 2023

A Phàrant/Neach-cùraim chòir

San Ògmhios 2023, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh Foghlam Alba air Sgoil Ùige agus Sgoil Àraich. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann. Dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Tha an luchd-obrach air àrainneachd fhàilteachail agus chàirdeil a chruthachadh. Anns an sgoil-àraich tha a' chlann air am bogadh gu math sa Ghàidhlig. Bidh clann a' dol an sàs gu math ann an raon de dh'èolasan-cluiche làn-bhogaidh a-staigh, air a' bhlàr a-muigh agus anns a' choimhearsnachd.
- Bidh clann a' leasachadh an sgilean taisbeantais agus an tuigse air an eilean, dualchas agus cultar aca gu math tro dhràma agus ceòl. Bidh clann a' seinn sa Ghàidhlig le spionnadh, dìorras agus aoibhneas.
- Bidh clann ag obair còmhla ri luchd-obrach agus eòlaichean eile ann a bhith ag ullachadh airson a' Mhòid ionadail agus a' rannsachadh an dearbh-aithne leis a' chomann eachdraidheil. Tha seo a' leudachadh ionnsachadh agus sgilean chloinne taobh a-muigh a' chlas.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus a dheasbad leis a' cheannard agus le riochdaire bho Chomhairle nan Eilean Siar.

- Meudaich ceannardas agus luaths a thaobh am piseach a thathar a' cur air prìomh raointean a bheir buaidh air ionnsachadh agus buileachadh. Bu chòir seo a bhith stèidhichte air ullachaidhean fèin-luachaidh làidir. Bu chòir gu bheil prìomh phàirtean aig raon de luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach an sgioba luchd-obrach, pàrantan agus clann, a thaobh leasachaidhean a thoirt air adhart san sgoil.
- Meudaich agus cleachd poileasaidh foghlam làn-bhogaidh gus adhartas is fileantachd chloinne ann an Gàidhlig a neartachadh. Bu chòir gum bi seo a' meudachadh càileachd agus iomlanachd làn-bhogaidh thar gach raon de dh'ionnsachadh chloinne.
- Lean air adhart a' leasachadh a' churraicealaim gus a bhith soilleir mun adhartas a tha clann a' dèanamh agus iad a' gluasad bho ìre gu ìre aig Sgoil Ùige. Bu chòir gu bheil modhan-obrach soilleir aig tidsearan airson leughadh agus sgrìobhadh a leasachadh, ann an Gàidhlig is Beurla, airson slàinte is sunnd agus airson Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh).
- Àrdaich buileachadh na cloinne anns gach taobh de dh'ionnsachadh agus dèan feum nas fheàrr de dh'fhiosrachadh bho mheasadh, conaltradh proifeasanta agus coinneamhan tracadh.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh chomharran càileachd bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(an 4^{mh} eagra\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?](#). Bidh taisbeanairan càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh a thoirt seachad air dè tha ag obair gu math agus dè dh'fheumar leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh luachaidhean de chomharran càileachd gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Sgoil Ùige agus Sgoil Àraich

Comharran càileachd airson na bun-sgoile	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	lag
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	riarachail
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (an 4^{mh} eagra) , Pàipear-taic 3: An sgèile sia puing	

Comharran càileachd airson clas na sgoil-àraich	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
A' daingneachadh adhartas na cloinne	riarachail
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram cloinne? Pàipear-taic 1: An sgèile sia puing	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF) ri fhaighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig:

[Details](#) | [Find an inspection report](#) | [Find an inspection report](#) | [Inspection and Review](#) | [Education Scotland](#)

Dè thachras a-nis?

Mar thoradh air toraidhean an sgrùdaidh a rinn sinn, tha sinn den bheachd gu bheil an sgoil feumach air taic a bharrachd agus air barrachd ùine gus na leasachaidhean a tha a dhìth a chur an gnìomh. Bidh sinn a' conaltradh ri Comhairle nan Eilean Siar a thaobh comas na sgoile a dhol am feabhas. Tillidh sinn gus sgrùdadh a bharrachd a dhèanamh air an sgoil taobh a-staigh aon bhliadhna bho fhoillseachadh na litreach seo. Bidh sinn a' dèanamh còmhraidh ri Comhairle nan Eilean Siar air na tha an lùib an sgrùdaidh seo. Nuair a thilleas sinn gus sgrùdadh a dhèanamh air an sgoil, sgrìobhaidh sinn thugaibh mar phàrantan/luchd-cùraim gus fios a chur thugaibh air an adhartas a rinn an sgoil.

Joan C. Esson
Neach-sgrùdaidh an Rìgh